


SAOGHAL NA CLOINNE BIGE



'S fheàrr dhomh tilleadh dhachaigh

'S fheàrr dhomh tilleadh dhachaigh
Bha e math a bhith muigh
A' siubhal air feadh an àit'
Bha spòrs ann an diugh
Fail-il eileadh o ho ro
Bha spòrs ann an-diugh

A' coiseachd suas, a' coiseachd sìos
Air a' bhlàr a-muigh
A' cluich le chèile air an t-sligh'
A' sreap, a' leum 's a' ruith

Chaidh sinn gu tuath 's chaidh sinn gu deas
Dhan ear 's chun an iar
Fealla dhà is càirdeas
Gu dearbha tha sin fìor



SAOGHAL NA CLOINNE BIGE



Tha an cuairt bheag seo air tighinn gu ceann
Is a-nise tha mi sgìth.
Cuiridh mi crìoch air mo rann
'S gabhaidh mi greim-bìdh

'S fheàrr dhomh tilleadh dhachaigh
Bha e math a bhith muigh
A' siubhal air feadh an àit'
Bha spòrs ann an diugh.

Faclan & fonn le Aonghas MacLeòid.
Air a ghabhail le Ceitidh NicPhàrlain.
Ceòl-taice le Pablo Lafuente.
Clàraichte le Pablo Lafuente,
Viewbank Studio.

